



Àrd-Ìre  
Obair-Cùrsa  
Gnìomh Measadh



# Eachdraidh Àrd-Ìre Obair shònraichte Gnìomh Measadh

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt fiosrachadh do thidsearan agus òraidichean air a' cho-phàirt sa chùrsa seo a tha a' buntainn ri obair-chùrsa a thaobh nan sgilean, eòlais agus tuigse a thathar a' measadh. **Feumar a leughadh còmhla ris an t-sònrachadh-chùrsa.**

**Dligheach bho sheisean 2018-19 gus an toirear brath a bharrachd.**

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanas SQA a-mhàin, air bunait neo-choimearsalta. Ma thèid ath-riochdachadh, feumar aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho [permissions@sqa.org.uk](mailto:permissions@sqa.org.uk).

An t-eagran seo: An t-luchar 2019 (dreach 2.0)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2019

# Clàr-innse

Ro-ràdh	1
Stiùireadh do thidsearan is òraidichean	2
Stiùireadh air comharrachadh	3
Stiùireadh do thagraichean	12

# Ro-ràdh

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt stiùireadh do thidsearan is òraidichean, stiùireadh air comharrachadh agus stiùireadh do thagraichean airson na h-obrach sònraichte airson Eachdraidh Àrd-Ìre. Feumaidh tu a leughadh còmhla ris an t-sònrachadh-chùrsa.

Tha an obair shònraichte seo luach 30 comharran. Is e seo 27% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Is e seo aon de trì co-phàirtean airson measadh a' chùrsa. Is e pàipearan cheistean a tha sna co-phàirtean eile.

# Stiùireadh do thidsearan is òraidichean

## Stòrasan sònraichte rin toirt a-steach don mheasadh

Rè na h-ìre taisbeanadh fianais deireannaich, bu chòir gu bheil cothrom aig tagraichean air an duilleig stòrais Eachdraidh aca a-mhàin. Feumar an duilleag stòrais a chur a-steach don SQA còmhla ris an fhianais a fhuair a' dèanamh suas de aon taobh a-mhàin de phàipear A4, agus cha bu chòir gu bheil i nas fhaide na 250 facal.

Bu chòir gu bheil an duilleag stòrais Eachdraidh a bheirear a-steach don ìre taisbeanadh fianais a' sealltainn fianais air an rannsachadh a rinneadh leis an tagraiche.

Bu chòir gu bheil an duilleag stòrais a' gabhail a-steach iomraidhean (ùghdar, tiotal leabhair agus às-aithris) agus prìomh phuingeagan eòlais bho, mar eisimpleir:

- ◆ leabhraichean eachdraidh
- ◆ artaigilean bho irisean no pàipearan-naidheachd
- ◆ làraichean-lìn
- ◆ tadhalan, tursan a-mach no òraidean
- ◆ telebhisean no DVD
- ◆ rèidio no pod-chraolaidhean
- ◆ agallamhan
- ◆ litrichean, dealbhan-camara no leabhraichean-latha
- ◆ stòran fiosrachaidh eile

Is e adhbhar na duilleige stòrais a bhith a' cuideachadh thagraichean gus an fhianais is iomraidhean aca, a thionail iad rè na h-ìre rannsachaidh, a chleachdadh gus dèiligeadh ris a' chuspair, ceist no cùis a thagh iad.

Cha choisinn tagraichean comharran sam bith ma tha iad air lethbhreac a dhèanamh den obair shònraichte aca, no de phìosan leudaichte de theacsa no aithrisean, gu dìreach bhon duilleig stòrais aca. Ach faodaidh tagraichean lethbhreac a dhèanamh de dh'às-aithrisean iomlan, air chumha gu bheilear ag aithneachadh nan tùsan.

Faodaidh tidsearan is òraidichean comhairle a thoirt do thagraichean air an t-seòrsa stòrasan a bhiodh iomchaidh airson na h-obrach sònraichte Eachdraidh.

Far nach eil tagraiche a' cur a-steach duilleag stòrais, bithear a' toirt peanas de 6 comharran a-mach às na 30 comharran a tha rim faotainn.

## Teamplaid

Tha teamplaid airson duilleag stòrais ri faotainn airson luchdadh a-nuas fa leth air làrach-lìn an SQA fon taba 'Coursework'. Gheibhear an teamplaid an dà chuid ann an cruth Word airson coileanadh gu h-eileagtronaigeach no ann an cruth PDF airson clò-bhualadh agus coileanadh le làimh.

# Stiùireadh air comharrachadh

Ann an co-rèir ri cleachdadh àbhaisteach an SQA, tha an stiùireadh air comharrachadh a leanas, a tha a' buntainn ris an obair shònraichte Eachdraidh, ga sheòladh ris an neach-cheartachaidh. A bharrachd orrasan, bidh e cuideachail dhaibhsan a tha ag ullachadh thagraichean airson measadh cùrsa.

Bithear a' cur a-steach fianais bho thagraichean chun an SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh.

## Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Feuch gun cuir thu na prionnsapalan coitcheann seo an gnìomh an-còmhnaidh. Cleachd iad còmhla ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean thagraichean.

- a Cleachd comharrachadh posataibh an-còmhnaidh. Tha seo a' ciallachadh gum bi tagraichean a' cruinneachadh chomharran far a bheil iad a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach; chan eilear a' toirt chomharran air falbh airson mhearachdan no dearmadan.
- b Far nach eil freagairt tagraiche, a rèir coltais, a' tighinn fo na prionnsapalan no fon stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, agus mì-chinnt ann air mar a mheasar i, feumaidh tu comhairle iarraidh bho stiùireadair an sgioba agad.
- c Na toir comharran seachad far a bheil tagraichean air lethbhreac a dhèanamh airson na h-obrach sònraichte aca, no bho phìosan leudaichte de theacsa, gu dìreach bhon duilleig stòrais Eachdraidh. Ach faodaidh tagraichean lethbhreac a dhèanamh de às-aithrisean iomlan, air chumha gu bheilear ag aithneachadh nan tùsan.
- d Na cuir comharran air an duilleig stòrais Eachdraidh. Ach dh'fhaodadh i a bhith cuideachail gus soilleireachadh a thoirt air puingeann a rinn an tagraiche san obair shònraichte aca agus dh'fhaodadh seo leigeil leat tuigse fhaighinn air na bha iad am beachd a ràdh.

## Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

		Sgilean	Comharra às àirde	Stiùireadh a bharrachd
1	A	A' suidheachadh na cùise sa cho-theacsa eachdraidheil	3	<p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean <b>suas gu 3 comharran aig a' char as motha</b>. Tha tagraichean a' cleachdadh phuingean eòlais a tha gan leasachadh gus cul-raon na cùise a chur air bhonn, factaran buntainneach a chomharrachadh agus loidhne argamaid a stèidheachadh.</p> <p><b>3 comharran:</b> Tha tagraichean a' toirt seachad co-dhiù dà phuing de chùl-raon don chùis <b>agus</b> tha iad ag aithneachadh co-dhiù trì factaran buntainneach <b>agus</b> tha iad a' ceangal seo ris an loidhne argamaid aca.</p> <p><b>2 chomharra:</b> Tha tagraichean a' toirt seachad co-dhiù aon phuing de chùl-raon don chùis <b>agus</b> tha iad a' comharrachadh co-dhiù dà fhactar bhuntainneach <b>no</b> tha iad a' ceangal seo ris an loidhne argamaid aca.</p> <p><b>1 comharra:</b> Tha tagraichean a' toirt seachad co-dhiù aon phuing de chùl-raon don chùis <b>no</b> tha iad a' comharrachadh co-dhiù dà fhactar bhuntainneach <b>no</b> tha iad a' ceangal seo ris an loidhne argamaid aca.</p> <p><b>0 comharran:</b> Chan eil tagraichean a' toirt seachad co-theacsa sam bith agus chan eil iad a' comharrachadh factar sam bith.</p>
	B	A' dèanamh anailis air diofar fhactaran a bha a' cur ri tachartas no leasachadh	7	<p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean <b>suas gu 7 comharran aig a' char as motha</b>. Bidh tagraichean a' comharrachadh fhactaran, an dàimh a bha eatarra, agus na dàimhean aca leis an iomlan. Bidh iad cuideachd a' tarraing a-mach agus ag aithris air ìmpleachdan sna freagairtean aca.</p> <p>Thoir <b>1 chomharra, suas gu 7 comharran aig a' char as motha</b>, far a bheil tagraichean a' cleachdadh an cuid eòlais is tuigse no stòr(an) gus factaran buntainneach a chomharrachadh (mar eisimpleir, poilitigeach, sòisealta, eaconamach no cràbhach – ged nach fheum iad am briathrachas seo a chleachdadh), no taobhan taobh a-staigh factair (mar eisimpleir, soirbheas an coimeas ri fàilleadh; diofar bhuidhnean, leithid seann daoine an coimeas ris an òigridh; no diofar chlasaichean sòisealta), <b>agus a' sealltainn gu soilleir co-dhiù aon de na leanas:</b></p>

			Sgilean	Comharra às àirde	Stiùireadh a bharrachd
					<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ ceanglaichean eadar na diofar fhactaran</li> <li>◆ ceanglaichean eadar factar(an) agus an t-iomlan</li> <li>◆ ceanglaichean eadar factar(an) agus bun-bheachdan co-cheangailte</li> <li>◆ coslasan agus co-chòrdalas</li> <li>◆ contrarrachdan agus mì-chòrdalas</li> </ul> <p>Thoir <b>1 chomharra</b> far a bheil tagraichean, anns na sgrìobh iad, a' dèanamh anailis air diofar fhactaran, <b>suas gu 7 comharran aig a' char as motha.</b></p> <p>Thoir <b>4 comharran aig a' char as motha</b> far a bheil tagraichean, anns na sgrìobh iad, a' dèanamh anailis air taobhan taobh a-staigh fhactaran fa leth.</p>
	C		<b>A' luachadh fhactaran gus loidhne argamaid a leasachadh</b>	<b>5</b>	<p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean <b>suas gu 5 comharran aig a' char as motha.</b></p> <p>Thoir comharran far a bheil tagraichean, anns na sgrìobh iad, a' luachadh diofar fhactaran gus loidhne argamaid a chruthachadh a tha a' toirt breith air a' chùis.</p> <p><b>5 comharran:</b> Tha tagraichean a' ceangal an luachaidh a tha iad a' dèanamh gus loidhne argamaid cho-chòrdail a thogail a bhios ag aithneachadh na cùise agus a' toirt fa-near argamaidean contrarra no mìneachaidhdean eile.</p> <p><b>4 comharran:</b> Tha tagraichean a' ceangal an luachaidh a tha iad a' dèanamh gus loidhne argamaid a thogail a bhios a' toirt fa-near argamaidean contrarra no mìneachaidhdean eile.</p> <p><b>3 comharran:</b> Tha tagraichean a' ceangal an luachaidh a tha iad a' dèanamh gus loidhne argamaid a thogail a bhios ag aithneachadh na cùise.</p> <p><b>2 chomharra:</b> Tha tagraichean a' dèanamh luachaidhean, nach eil ceangailte ri chèile, air diofar fhactaran a tha ag aithneachadh na cùise.</p> <p><b>1 chomharra:</b> Tha tagraichean a' dèanamh luachadh neo-cheangailte air aon factar air leth a tha ag aithneachadh na cùise.</p> <p><b>0 comharran:</b> Chan eil tagraichean a' toirt seachad fianais sam bith gu bheilear a' dèanamh breith air na factaran.</p>

		Sgilean	Comharra à àirde	Stiùireadh a bharrachd
	D	A' cleachdadh fiosrachadh bho thùsan air an do rinneadh luaidh, gus taic a thoirt do fhactaran	4	<p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean <b>suas gu 4 comharran aig a' char as motha</b>. Faodaidh iad iomradh a dhèanamh air na tùsan aca ann an grunn dhòighean.</p> <p>Thoir <b>1 chomharra</b> airson gach tùs air a bheil tagraichean a' dèanamh iomradh gus taic a thoirt do fhactar, <b>suas gu 4 comharran aig a' char as motha</b>.</p>
	E	A' cleachdadh eòlas gus taic a thoirt do fhactar	8	<p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean <b>suas gu 8 comharran aig a' char as motha</b>. Tha tagraichean a' cleachdadh an cuid eòlais gus fianais a thoirt seachad mar thaic air factaran san anailis aca.</p> <p>Thoir <b>1 chomharra</b> airson gach puing eòlais bhuntainneach a tha tagraichean a' cleachdadh gus taic a thoirt do fhactar, <b>suas gu 8 comharran aig a' char as motha</b>.</p> <p>Thoir comharran airson eòlas is tuigse far a bheil puingean:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buntainneach don chùis</li> <li>◆ air an leasachadh (le bhith a' toirt seachad mion-fhiosrachadh a bharrachd, eisimpleirean, adhbharan no fianais)</li> <li>◆ gan cleachdadh gus freagairt ri agartasan na cùise</li> </ul>
	F	A' tighinn gu co-dhùnadh mun chùis	3	<p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean <b>suas gu 3 comharran aig a' char as motha</b>. Tha tagraichean a' dèanamh breith dhàimheil air dè cho cudromach 's a tha diofar fhactaran</p> <p>Faodaidh tagraichean tighinn gu co-dhùnadh aig deireadh na h-obrach sònraichte aca no faodaidh iad sreath de cho-dhùnaidhean a thoirt seachad. Bu chòir gu bheil an co-dhùnadh aca a' gabhail a-steach breith chàileachdail thar cheann air a' chùis.</p> <p><b>3 comharran:</b> Tha tagraichean a' dèanamh breith dhàimheil thar cheann eadar diofar fhactaran a thaobh na cùise agus tha iad a' mìneachadh mar a tha a' bhreith ag èirigh bhon luachadh a tha iad a' dèanamh air an fhianais a chaidh a thoirt seachad.</p>



			Sgilean	Comharra às àirde	Stiùireadh a bharrachd
					<p><b>2 chomharra:</b> Tha tagraichean a' dèanamh breith thar cheann eadar na diofar fhactaran a thaobh na cùise agus tha iad a' mìneachadh mar a tha a' bhreith ag èirigh bhon luachadh a tha iad a' dèanamh air an fhianais a chaidh a thoirt seachad.</p> <p><b>1 chomharra:</b> Tha tagraichean a' dèanamh breith thar cheann a tha a' freagairt ris a' chùis ann an geàrr-chunntas.</p>

Thoir fa-near: tha an grid a tha a' toirt foir-shealladh air stiùireadh air comharrachadh a' toirt seachad soilleireachadh a bharrachd air riarachadh chomharran.

## Foir-shealladh air stiùireadh air comharrachadh

	Comh arra	0	1	2	3	4	5	6	7	8
A' suidheachadh na cùise sa cho-theacsa eachdraidheil aice	3	Tha tagraichean a' dèanamh puing fhirinneach no dhà ach chan eil iad seo buntainneach.	Thoir <b>1 chomharra</b> far a bheil tagraichean a' toirt seachad co-dhiù aon phuing de chùl-raon don chùis <b>no</b> tha iad a' comharrachadh co-dhiù dà fhactar bhuntainneach <b>no</b> tha iad a' ceangal seo ris an loidhne argamaid.	Thoir <b>2 chomharra</b> far a bheil tagraichean a' toirt seachad co-dhiù aon phuing de chùl-raon don chùis <b>agus</b> tha iad a' comharrachadh co-dhiù dà fhactar bhuntainneach <b>no</b> tha iad a' ceangal seo ris an loidhne argamaid.	Thoir <b>3 comharran</b> far a bheil tagraichean a' toirt seachad co-dhiù dà phuing de chùl-raon don chùis <b>agus</b> tha iad a' comharrachadh co-dhiù trì factaran bhuntainneach <b>agus</b> tha iad a' ceangal seo ris an loidhne argamaid.					
A' dèanamh anailis air diofar fhactaran a tha a' cur ri tachartas no leasachadh	7	Tha tagraichean a' toirt seachad freagairt aithriseil nach eil a' dèiligeadh ach ri aon fhactar.	Thoir <b>1 chomharra, suas gu 7 comharran aig a' char as motha</b> , far a bheil tagraichean, anns na sgrìobh iad, a' dèanamh anailis air diofar fhactaran a thaobh na cùise.  Thoir <b>4 comharran aig a' char as motha</b> far a bheil tagraichean, anns na sgrìobh iad, a' dèanamh anailis air taobhan taobh a-staigh nam factaran fa leth.							

	Comh arra	0	1	2	3	4	5	6	7	8	
A' luachadh fhactaran gus loidhne argamaid a leasachadh	5	Chan eil tagraichean, anns na sgrìobh iad, a' dèanamh luachadh buntainneach air factaran.	Thoir <b>1 chomharra</b> far a bheil tagraichean a' dèanamh luachadh neo-cheangailte air aon fhactar fa leth a tha ag aithneachadh na cùise.	Thoir <b>2 chomharra</b> far a bheil tagraichean a' dèanamh luachaidhean, nach eil ceangailte ri chèile, air diofar fhactaran a tha ag aithneachadh na cùise.	Thoir <b>3 comharran</b> far a bheil tagraichean a' ceangal an luachaidh a tha iad a' dèanamh gus loidhne argamaid a thogail a bhios ag aithneachadh na cùise.	Thoir <b>4 comharran</b> far a bheil tagraichean a' ceangal an luachaidh a tha iad a' dèanamh gus loidhne argamaid a thogail a bhios a' toirt fa-near argamaidean contrarra no mìneachaidhdean eile.	Thoir <b>5 comharran</b> far a bheil tagraichean a' ceangal an luachaidh a tha iad a' dèanamh gus loidhne argamaid cho-chòrdail a thogail a bhios ag aithneachadh na cùise agus a' toirt fa-near argamaidean contrarra no mìneachaidhdean eile.				
A' cleachdadh fiosrachadh bho thùsan air an do rinneadh luaidh, gus taic a thoirt do fhactaran	4	Chan eil tagraichean a' cleachdadh fianais air an do rinneadh iomradh gus taic a thoirt do fhactaran.	Thoir <b>1 chomharra</b> airson gach tùs air a bheil tagraichean a' dèanamh iomradh gus taic a thoirt do fhactar, <b>suas gu 4 comharran aig a' char as motha.</b>								

	Comh arra	0	1	2	3	4	5	6	7	8
A' cleachdadh eòlas gus taic a thoirt do fhactaran	8	Chan eil tagraichean a' cleachdadh an cuid eòlais gus taic a thoirt do na factaran.	<p>Thoir <b>1 chomharra</b> airson gach puing eòlais bhuntainneach a tha tagraichean a' cleachdadh gus taic a thoirt do fhactar, <b>suas gu 8 comharran aig a' char as motha.</b></p> <p>Thoir comharran airson eòlas is tuigse far a bheil puingean:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buntainneach don chùis</li> <li>◆ air an leasachadh (le bhith a' toirt seachad mion-fhiosrachadh a bharrachd, eisimpleirean, adhbharan no fianais)</li> <li>◆ gan cleachdadh gus freagairt ri agartasan na cùise</li> </ul>							

	Comh arra	0	1	2	3	4	5	6	7	8
A' tighinn gu co-dhùnadh mun chùis	3	Chan eil tagraichean a' dèanamh breith thar cheann air a' chùis.	Thoir 1 <b>chomharra</b> far a bheil tagraichean a' dèanamh breith thar cheann a tha a' freagairt na cùise ann an geàrr- chunntas.	Thoir 2 <b>chomharra</b> far a bheil tagraichean a' dèanamh breith thar cheann eadar na diofar fhactaran a thaobh na cùise.	Thoir 3 <b>comharran</b> far a bheil tagraichean a' dèanamh breith dhàimheil thar cheann eadar diofar fhactaran a thaobh na cùise agus tha iad a' mìneachadh mar a tha a' bhreith ag èirigh bhon luachadh a tha iad a' dèanamh air an fhianais a chaidh a thoirt seachad.					

# Stiùireadh do thagraichean

Tha am measadh seo a' buntainn ris an obair shònraichte Eachdraidh Àrd-Ire.

Tha an obair shònraichte seo luach 30 comharran. Is e seo 27% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Bidh e a' measadh nan sgilean, eòlais is tuigse a leanas:

- ◆ a' comharrachadh cùis eachdraidheil a tha ag adhbharachadh deasbad is argamaid
- ◆ a' rannsachadh agus a' sgrùdadh na cùise eachdraidheil, a' cleachdadh raon de stòran fiosrachaidh
- ◆ a' tarraing air agus a' cur an gnìomh eòlas is tuigse gus anailis a dhèanamh air adhbharan agus/no buaidh na cùise eachdraidheil
- ◆ a' dèanamh anailis agus a' co-chur fiosrachadh ann an dòigh structaraichte
- ◆ a' dèanamh iomradh air tùsan eachdraidheil buntainneach
- ◆ a' comharrachadh diofar sheallaidhean agus/no beachdan
- ◆ a' structarachadh fiosrachadh agus a' taisbeanadh co-dhùnadh reusanaichte agus taic ga toirt dha le fianais

Sa mheasadh seo, feumaidh tu do chomas a nochdadh gus na sgilean, eòlas is tuigse agad a chur an gnìomh gus dèiligeadh ri ceist eachdraidheil no cùis a thagh thu.

Tha dà ìre aig an obair shònraichte:

- ◆ rannsachadh
- ◆ taisbeanadh fianais: a' sgrìobhadh aithisg air na toraidhean agad (fo aireachas, taobh a-staigh 1 uair agus 30 mionaid agus ann an aon seisean)

Leigidh an tidsear no òraidiche agad fios dhut ma tha cumhaichean sònraichte ann airson am measadh seo a dhèanamh.

San ìre rannsachaidh, bidh thu a' taghadh ceist no cùis eachdraidheil airson rannsachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith co-cheangailte ri raointean a tha thu air sgrùdadh sa chlas, no faodaidh tu cur romhad ceist no cùis eachdraidheil sam bith a tha buntainneach a rannsachadh.

San ìre rannsachaidh, bidh thu a' coileanadh duilleag stòrais Eachdraidh gus do chuideachadh san ìre taisbeanaidh fianais – a' sgrìobhadh aithisg air na toraidhean agad.

Feumaidh an duilleag stòrais agad a bhith air a dèanamh suas de aon taobh a-mhàin de phàipear A4, agus cha bu chòir gu bheil i nas fhaide na 250 facal. Bu chòir gu bheil nòtaichean goirid ann, no cuimhneachain, gus do chur an cuimhne air na puingeann a tha thu ag iarraidh a dhèanamh san aithisg agad. Mar eisimpleir, puingeann de gheàrr-chunntas an eòlais agus/no dàta àireamhach staitistigeil. Bu chòir gu bheil an duilleag stòrais agad cuideachd a' gabhail a-steach na h-iomraidhean agad. Bu chòir gu bheil tùs dàrnach a' gabhail a-steach an t-ùghdar, teacsa agus às-aithris. Bu chòir gu bheil prìomh-bhun a' gabhail a-steach an t-ùghdar, ceann-latha agus às-aithris.

Chan fhaod thu lethbhreac a dhèanamh den aithisg agad gu dìreach bhon duilleig stòrais agad. Cha choisinn thu comharran sam bith ma tha thu air lethbhreac a dhèanamh de phìosan leudaichte de theacsa bhon duilleig stòrais agad. Ach faodaidh tu lethbhreac a dhèanamh de às-aithrisean iomlan, air chumha gu bheil thu ag aithneachadh nan stòran.

San obair shònraichte agad, bidh thu:

- ◆ a' taghadh cùis eachdraidheil
- ◆ a' suidheachadh na cùise sa cho-theacsa eachdraidheil aice
- ◆ a' dèanamh anailis air diofar fhactaran a bha a' cur ri tachartas no leasachadh
- ◆ a' luachadh fhactaran gus loidhne argamaid a leasachadh
- ◆ a' cleachdadh fiosrachadh bho thùsan air an do rinneadh luaidh, gus taic a thoirt do fhactaran
- ◆ a' cleachdadh fiosrachadh eile bho do chuid eòlais gus taic a bharrachd a thoirt don anailis no luachadh agad
- ◆ a' tighinn gu co-dhùnadh air a' chùis agus a' toirt taic dha seo le reusanan

Feumar an duilleag stòrais agad a chur a-steach don SQA còmhla ris an aithisg agad. Cha bhithear a' comharrachadh na duilleige stòrais. Mura cuir thu duilleag stòrais a-steach, caillidh tu 6 comharran.

#### Ag obair còmhla ri daoine eile

Ged a bu chòir dhut cùis a thaghadh dhut fhèin airson rannsachadh, dh'fhaodte gu bheil feadhainn eile sa chlas air cùis cho-choltach a thaghadh. Dh'fhaodadh tu a bhith ag iarraidh a dh'obair còmhla ri daoine eile airson pàirt den ùine, nuair a tha thu a' tional fiosrachadh.

Ma thaghas tu seo a dhèanamh, tha e cudromach gu bheil thu comasach air sealltainn dè a chuir thu ris a' phàirt seo den obair shònraichte agad, agus gur e an obair agad fhèin a tha san fhianais a bheir thu a-steach don mheasadh.

Sa mheasadh seo, bidh thu:	Mar a dh'fhaodas tu seo a dhèanamh
<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ a' taghadh cùis eachdraidheil</li> </ul>	<p>Tagh cùis eachdraidheil a leigeas tu a bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ a' lorg fiosrachadh air an tachartas no cuspair a thagh thu airson rannsachadh</li> <li>◆ a' sealltainn diofar bheachdan air a' chùis</li> <li>◆ a' tighinn gu co-dhùnadh dom faod thu taic a thoirt le reusanan</li> </ul> <p>Bidh na ceistean as fheàrr a' tòiseachadh le abairtean leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ Dè an ìre ...</li> <li>◆ Dè cho cudromach ...</li> <li>◆ Dè cho soirbheachail 's a bha ...</li> </ul>

Sa mheasadh seo, bidh thu:	Mar a dh'fhaodas tu seo a dhèanamh
	<p>Bidh na ceistean seo a' leigeil leat anailis agus luachadh a dhèanamh, agus na co-dhùnaidhean agad a thaisbeanadh stèidhichte air an rannsachadh agad fhèin.</p> <p>Dh'fhaodadh an tidsear no òraidiche agad taic a thoirt dhut le bhith a' toirt am beachd air dè cho freagarrach 's a tha an tachartas no leasachadh a thagh thu agus dh'fhaodadh iad comhairle a thoirt dhut air dè cho coltach 's a tha e gum bi tùsan rim faotainn.</p>
<p>♦ a' suidheachadh na cùise sa cho-theacsa eachdraidheil</p>	<p>Thoir tuairisgeul air cùl-raon na cùise. Dh'fhaodte gum feum thu tuairisgeul a thoirt seachad air an tachartas fhèin mus dèilig thu ri carson a thachair e agus dè a' bhuaidh a bha aig an tachartas. No dh'fhaodte gum feum thu tuairisgeul a thoirt seachad air an t-suidheachadh a bha ann mus do thachair na tachartasan air am bi thu a' beachdachadh.</p> <p>Nuair a tha thu air tuairisgeul a thoirt seachad air a' chùl-raon don chùis, bu chòir dhut an uair sin na factaran a chomharrachadh a bhios tu a' cleachadh gus anailis a dhèanamh air a' chùis.</p> <p>Bu chòir dhut cuideachd mìneachadh a thoirt seachad air an loidhne argamaid a bhios tu a' taisbeanadh.</p>
<p>♦ a' dèanamh anailis air diofar fhactaran a tha a' cur ri tachartas no leasachadh</p>	<p>Bidh anailis a' sgrùdadh diofar fhactaran agus a' dèanamh ceanglaichean eatarra, gus sealltainn mar a dh'fhaodar an fhianais a thuigsinn. Feumaidh tu a dhol thar tuairisgeul agus mìneachadh mion-fhiosrachaidh agus a tharraing a-mach na ceanglaichean agus ìmpleachdan.</p> <p>San ro-ràdh agad, comharraich na prìomh fhactaran co-cheangailte ris a' chùis a thagh thu airson rannsachadh.</p> <p>An uair sin, cleachd do chuid eòlais is tuigse, agus tùsan, gus sealltain co-dhiù aon de na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>♦ ceanglaichean eadar na diofar fhactaran</li> <li>♦ ceanglaichean eadar factaran fa leth agus an t-iomlan</li> <li>♦ coslasan agus contrarrachdan</li> <li>♦ co-chòrdalas agus mì-chòrdalas</li> <li>♦ diofar bheachdan agus/no mìneachaidhean</li> <li>♦ builean agus/no ìmpleachdan a dh'fhaodadh a bhith ann</li> <li>♦ dè cho cudromach 's a tha factaran a rèir a chèile</li> </ul> <p>Gus comharran iomlan airson na h-anailis agad a chosnadh, bu chòir dhut anailis a dhèanamh air diofar fhactaran. Ma tha thu dìreach a' dèanamh anailis air taobhan de fhactaran fa leth, cha tèid agad ach air <b>4 comharran aig a' char as motha</b> a chosnadh a-mach à <b>7 comharran a dh'fhaodar fhaighinn</b> airson anailis.</p>



Sa mheasadh seo, bidh thu:	Mar a dh'fhaodas tu seo a dhèanamh
<p>◆ a' luachadh fhactaran gus loidhne argamaid a leasachadh</p>	<p>Dèan breitheanais air na factaran agus mineachaidhean. Nuair a tha thu air do bhreitheanais agad fhèin a dhèanamh air na factaran, feumaidh tu an taisbeanadh ann an òrdugh loidigeach gus dèiligeadh ris a' chùis. Bu chòir gu bheil iad a' togail argamaid a tha ag iarraidh gu co-dhùnadh thar cheann.</p> <p>Bu chòir dhut gabhail a-steach mar a dh'fhaodadh daoine eile argamaid a dhèanamh an aghaidh a' cho-dhùnaidh agad no mìneachadh eile a thoirt air an fhianais.</p>
<p>◆ a' cleachdadh fiosrachadh bho thùsan air an do rinneadh luaidh, gus taic a thoirt do fhactaran</p>	<p>Tionail fianais bho raon de stòran a tha buntainneach don chùis.</p> <p>Dh'fhaodadh iad a bhith an dara cuid nam prìomh-bhunan no nan tùsan dàrnach.</p> <p>Nuair a tha thu a' taisbeanadh fianais bho thùsan, bu chòir dhut a ràdh cò às a thàinig am fiosrachadh.</p>
<p>◆ a' cleachdadh fiosrachadh eile bho do chuid eòlais gus taic a bharrachd a thoirt don anailis no luachadh agad</p>	<p>Smaoinich air dè am fiosrachadh eile air a bheil eòlas agad mun tachartas no leasachadh seo. Chan fheum thu a ràdh cò às a thàinig am fiosrachadh seo.</p> <p>Bu chòir dhut seo a chur ris an fhiosrachadh a fhuair thu san rannsachadh agad agus a chleachdadh gus taic a thoirt don fhreagairt agad don chùis.</p> <p>Feumaidh na puingeann a nì thu a bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buntainneach don chùis</li> <li>◆ air an leasachadh (le bhith a' toirt seachad mion-fhiosrachadh a bharrachd, eisimpleirean, adhbharan no fianais)</li> <li>◆ gan cleachdadh gus freagairt ri agartasan na cùise</li> </ul>
<p>◆ a' tighinn gu co-dhùnadh air a' chùis agus a' toirt taic dha seo le reusanan</p>	<p>Thoir seachad breith thar cheann a tha air a togail air an loidhne argamaid agad. Bu chòir gu bheil seo a' dèiligeadh ris a' chùis.</p> <p>Bu chòir dhut breith thar cheann a dhèanamh air dè cho cudromach, a rèir a chèile, 's a tha na diofar fhactaran a chleachd thu gus anailis a dhèanamh air a' chùis.</p> <p>Bu chòir dhut mìneachadh a thoirt seachad air mar a tha an co-dhùnadh agad a' faighinn taic bhon luachadh a rinn thu air na factaran.</p>

# Fiosrachadh rianachd

---

Foillsichte: An t-luchar 2019 (dreach 2.0)

---

## Eachdraidh atharrachaidhean

Dreach	Tuairisgeul air atharrachadh	Deit
2.0	Peanas, far nach eilear a' cur a-steach duilleag stòrais, ga chur ris an earrann 'Stiùireadh do thidsearan is òraidichean' agus ris an earrann 'Stiùireadh do thagraichean'.	An t-luchar 2019

Thoir fa-near: tha comhairle ga toirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den sgrìobhainn seo.

## Tèarainteachd agus fo-rùnachd

Faodar an sgrìobhainn seo a chleachdadh le sgoiltean is colaistean a fhuair cead bho SQA airson Cùrsaichean Nàiseanta a mheasadh agus chan ann airson adhbhar eile sam bith.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013, 2019